

# **An Litir Bheag**

**le Ruairidh MacIlleathain**

*An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 84 (which corresponds to Litir 388). Ruairidh can be contacted at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk).*

Bha mi ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu o chionn ghoirid. 'S e àite math a th' ann. Tha an sgoil goireasach. Tha àrd-sgoil innte. Bidh cothrom aig sgoilearan foghlam Gàidhlig fhaighinn bho aois trì gu ochd-deug. Bha e math a bhith anns an sgoil. Bha a' chlànn agus luchd-obrach na h-oifis a' bruidhinn ri chèile ann an Gàidhlig.

Tha seo a' tachairt ann am baile mòr air a' Ghalltachd. Tha Comhairle Baile Ghlaschu taiceil don chànan. Meal an naidheachd orra. Ach càite a bheil an àrd-sgoil Ghàidhlig air a' Ghàidhealtachd? Càite a bheil an àrd-sgoil Ghàidhlig anns na h-Eileanan Siar? Chan eil iad ann. Tha Glaschu air thoiseach orra.

A bheil suidheachadh na Gàidhlig ag atharrachadh a-rithist? A bheil i a' crìonadh air a' Ghàidhealtachd is a' fàs anns na bailtean mòra? 'S dòcha.

Ach tha coimhearsnachd Ghàidhlig air a bhith ann an Glaschu airson ùine mhòr. Agus chan e Glaschu an aon bhaile mòr a tha mar sin.

Ann am Beal Feirste, tha coimhearsnachd ann de luchd-labhairt Gàidhlig na h-Èireann. Ach chan e rud ùr a th' ann. Anns an naoidheamh linn deug bha coimhearsnachd Ghàidhealach ann.

Thuirt daoine na *Fadgies* riutha. Thàinig am facal sin bho Pháidí – an t-ainm *Paddy* nuair a bhios duine a' bruidhinn ris – “a Pháidí”. Bha na Gàidheil sin à baile beag air bruach Loch Cairlinn. 'S e Loch Cairlinn loch mara gu deas air Beal Feirste. *Carlingford Lough* ann am Beurla. 'S e Ó Méith an t-ainm air a' bhaile.

Bha na daoine à Ó Méith an sàs ann am malairt. Bha iad a' reic èisg is glasraich is rudan eile. Bha iad a' fuireach còmhla anns an aon sgìre de Bheal Feirste. Bha iad a' bruidhinn Gaeilge ri chèile.

Dh'ionnsaich Seán Mac Maoláin Gaeilge bhuapa. Rinn Seán mòran airson a' chànan ann am Beal Feirste.

Dh'fhalbh coimhearsnachd nam *Fadgies*. Bha sin aig deireadh an naoidheamh linn deug. Chaidh Oifis Mhòr a' Phuist a thogail far an robh iad a' fuireach. An-diugh, tha Gàidhlig na h-Èireann a' fàs nas làidire ann am Beal Feirste. Ach tha i lag lag ann an Ó Méith. Tha mi an dòchas nach tachair an aon rud ann an Alba, le Gàidhlig beò ann an Glaschu agus marbh anns na h-Eileanan Siar.

\* \* \* \* \*

**Faclan is abairtean:** Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu: *the [new] Glasgow Gaelic School; 's e àite math a th' ann: it's a good place; goireasach: well resourced; tha àrd-sgoil innte: there is a high school there [in it, fem]; bha a' chlànn agus luchd-obrach na h-oifis a' bruidhinn ri chèile: the children and the office staff were speaking to each other; ann am baile mòr air a' Ghalltachd: in a city in the Lowlands; meal an naidheachd orra: congratulations to them; chan eil iad ann: they don't exist; tha Glaschu air thoiseach orra: Glasgow is ahead of them; a bheil suidheachadh na Gàidhlig ag atharrachadh: is Gaelic's situation changing?; a' crìonadh: withering, slowly dying; a' fàs: growing; coimhearsnachd: community; airson ùine mhòr: for a long time; chan e Glaschu an aon bhaile mòr a tha mar sin: Glasgow is not the only city that is like that; Beal Feirste: Belfast; luchd-labhairt Gàidhlig na h-Èireann: speakers of Irish Gaelic; chan e rud ùr a th' ann: it's not a new thing; thuir daoine na Fadgies riutha: people called them the Fadgies; thàinig am facal sin bho: that word came from; à baile beag air bruach Loch Cairlinn: from a village on the shore of Carlingford Lough; Ó Méith: Omeath; an sàs ann am malairt: involved in trade; èisg is glasraich is rudan eile: fish and vegetables and other things; còmhla anns an aon sgìre: together in the one district; dh'ionnsaich Seán Mac Maoláin Gaeilge bhuapa: Seán Mac Maoláin learned [Irish] Gaelic from them; mòran airson a' chànain: a lot for the language; dh'fhalbh: left; Oifis Mhòr a' Phuist: the General Post Office; far an robh iad a' fuireach: where they were living; lag lag: very weak; tha mi an dòchas nach tachair an aon rud: I hope the same thing will not happen; le Gàidhlig beò ann an Glaschu agus marbh anns na h-Eileanan Siar: with Gaelic alive in Glasgow and dead in the Western Isles.*

ends